

NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

ÀIREAMH 11 | 2017 | AN T-SAMHAIN

Facal Toisich

Mar a bhios fios aig cuid, tha an Dr. Ruairidh MacLeòid air a dhreuchd mar dheasaiche nan *Duilleagan Gàidhlig* a leigeil dheth an dèidh 37 bliadhna de sheirbheis ionmholta don eaglais. B' esan an còigeamh deasaiche bhon a thòisich Na *Duilleagan* ann an 1880. Sgoilear, òraidiche agus searmonaiche barraichte, tha a shaothair a' nochdadh meas mòr air a' Ghàidhealtachd agus farsaingeachd de dh'eòlas mu a h-eachdraidh.

Tro na bliadhnaichean, tha an obair deasachaidh aig an Dr. Ruairidh air a bhith air leth èifeachdach. Le measgachadh de shusbaint, an dà chuid sgrìobhte agus dealbhan, bha e air chomas dha aire an neach-leughaidh a ghreimeachadh ge brith ìre an cuid Gàidhlig. Bidh e do-dhèante obair cho siùbhlach, sònraichte ath-chruthachadh. Thug e seirbheis dhileas don choimhearsnachd Chrìostail agus bha e na thlachd dha charaidean nuair a fhuair e aithneachadh MBE bhon Bhànrigh air a shon. Tha sinn uile airson ar buidheachas a chur an cèill dha agus tha sinn a' guidhe gach sonais dha fhèin agus dha mhnaoi. Gum beannaicheadh Dia iad le bliadhnaichean sona.

Tha sinn an dòchas gun gabh buidheann deasachaidh a chur air dòigh, seach aon neach, ann an ùine nach bi ro fhada. San eadar-àm, tha Buidheann Ghàidhlig na h-Eaglaise gus leantainn oirre a' trusadh stuth airson dhà no thrì irisean. Shaoil sinn gum biodh e glè iomchaidh sùil a thoirt tro sheann irisean airson taghadh de chrìomagan a chòrd rinn fhoillseachadh a-rithist. Bidh pìos no dhà ùr a' nochdadh cuideachd ge-tà. Tha sinn an dòchas gun còrd sin ribh.

Tha sinn a' coimhead air ais le cridheachan làn thaingeachd ach cuideachd a' coimhead romhainn le dòchas. Tha Dia comasach ar feumalachdan uile a choileanadh. Mar bhuidhinn, tha sinn a' sireadh ùrnaighean an luchd-leughaidh gus leigeil leinn dèiligeadh ris na dùbhlain agus na cothroman a tha romhainn a-nise.

Am Fìor-Urr. Dr. Aonghas Moireasdan
Cathraiche, Buidheann Ghàidhlig Eaglais na h-Alba



An t-Urr. Dr. Ruairidh MacLeòid, Fear-deasachaidh nan *Duilleagan Gàidhlig* eadar 1980-2017.

Cùil nan Ceist

(Aireamh 3 – 2007 – Am Mart)

Tha ceistean again an seo co-cheangailte ri beatha na h-Eaglais air Ghàidhealtachd agus ann an àiteachan eile. Tha fuasgladh nan ceist againn air an duilleig mu dheireadh.

1. Cuin a bhris an Eaglais Shaor Chlèireachail air falbh on Eaglais Shaoir – 1883, 1893 no 1903?
2. Cò am bàrd ainmeil Gàidhealach a rinn marbhrann dha fhèin anns a bheil na faclan, Cuimhnich tric gun tig am bàs?
3. Cia meud coitheanal a tha aig Eaglais na h-Alba air na h-eileanan ann an Caolas na Frainge?
4. Cò a leig dheth a bhith 'na Fhear-deasachaidh air Na *Duilleagan Gàidhlig* ann an 1980, an dèidh a bhith anns an dreuchd o 1951?

Saidheans agus Dia

Bha mi aig co-labhairt inntinneach ann an Caol Àcain o chionn ghoirid air a' chuspair *Saidheans agus Dia: Air Lorg na Firinne*. Bha ùidh air a bhith agam anns a' cheist o chionn fhada: Dè dìreach an fhìrinn a th' ann nuair a thig e gu Dia agus saidheans? Chaidh tòrr cheistean a thogail aig a' cho-labhairt air an dà thaobh. 'S e Iain Morris bhon bhuidhinn 'Grasping the Nettle' a bha a' stiùireadh agus a' mìneachadh ghnothaichean, agus 's math a chaidh e ris. 'S e an dòigh-obrach a bh' aige a bhith toirt cothrom do luchd-saidheans ainmeil a bha a' creidsinn ann an Dia agus feadhainn nach robh a' creidsinn, no a bha mì-chinnteach, am beachdan a chur air adhart. Bhathas ga fhàgail aig an luchd-èisteachd a thiginn gu co-dhùnadh air cò bha ceart agus cò bha ceàrr.

www.graspingthenettle.org

Dhòmhsa dheth, feumaidh mi aideachadh, 's ann a tha saidheans a' daingneachadh mo chreideimh ann an Dia agus ann an Dia mar Chruthaidhear. Mar as motha a gheibh saidheans a-mach mu mar a thòisich an cosmos agus na mion-laghan a th' air a chùlaibh, an cànan DNA a tha a' gineamhainn agus a' treòrachadh beatha agus mun a' cheangal dhìomhair eadar eanchainn agus inntinn, 's ann as motha a bheir e air ais sinn gu facail an Abstoil Pòl: 'Oir riamh o chruthachadh an t-saoghail tha a nithean-san nach faodar fhaicinn, eadhon a chumhachd sìorraidh agus a Dhiathachd, air am faicinn gu soilleir, air dhaibh a bhith so-thuigsinn o na nithean a rinneadh; a-chum gum biodh iad gun leisgeul aca.' (Rom:1.20). Anns an latha an-diugh, tha na facail sin nas fìora na bha iad riamh.

www.thegodquestion.tv

Tha e cudromach gum bi sinn a' toirt seachad adhbhar airson a' chreideimh a th' againn, agus gum bi deasbad ann eadar feadhainn a tha a' creidsinn agus nach eil. Bha leithid de dheasbad agam ri bard Èireannach o chionn dhà no trì bhliadhnaichean agus às an sin dh'èirich còmhraidh bàrdail a chaidh fhoillseachadh o

chionn ghoirid ann an leabhran leis an tiotal *An Dà Anam / In Two Minds*. Aon de na dàin 's ann mu dheidhinn a' chruthachaidh a tha e, 's mi a' smaoinneachadh air a' Bhraig Mhòir, mar a their iad ris, 's e dol mar seo:

Streapaidh Sgitheanaich An Cuilitheann,
Chì iad brèine dhubh na làthaich,
Chì iad aiteal air slios an àrda,
Chì iad fàth na tìm' seo buileach.

Chì iad gu tùs na cruinne,
Anns an spreadhadh dheàrsach shoillseach
A thachair ann am priobadh saidhbhir,
'S gun do chruthaich Dia an duine.

'S gu bheil san aigne an Dia falaicht',
Aonadh bho Aonadh brìgh ar nàdair
Mar bhall criostal le taobhan deàlrach
'S aig meadhan a' bhuill an Neoni aithnichte'.

An aigne an tìm 's an cridhe ceangailt'
Ri buillsgean a' chosmois anns a' chridhe
Aig a bheil fios is cinnt iom-fhiosach
Gu bheil sìorraidheachd is tìm na aithne.

Nuair a tha mi ag ràdh 'an Neoni aithnichte' tha mi a' ciallachadh an dearbh rud air an robh Pòl a-mach, 'a nithean-san nach faodar fhaicinn, eadhon a chumhachd sìorraidh agus a Dhiathachd' oir 's ann bho a chumhachd neo-fhaicsinneach-san a tha a h-uile dad a chì sinn a' sruthadh. Gu fortanach, tha barrachd fianais againn gu bheil Dia ann na tha againn bho mhìorbhailean nàdair, gu h-àraidh an Soisgeul aig Ìosa Crìosd agus ar fiosrachadh pearsanta air Ìosa tron Spiorad agus ann an dòighean eile.

Buidheann Ghàidhlig na h-Eaglaise ann an Leòdhas

Choinnich 'Buidheann Ghàidhlig Eaglais na h-Alba' anns an Ard Eaglais, Steòrnabhagh, aig deireadh na Sultaine. Tha a' bhuidheann, fo stiùir neach-cathrach an Fhìor-Urr. Dr. Aonghas Moireasdan, le uallach co-dhunaidhean Àrd-Sheanadh 2017 a choileanadh le bhith cur an cèill plana airson Misean agus

Gaisgeach Treun Nam Buadh

(Bho Aireamh 3 – 2007 Am Mart)
(Chaidh na ficheadan de laoidhean a sgrìobhadh le ministearan Gàidhealach. Air fear dhiubh sin bha an t-Urr. Ailean MacDhùghaill (1846–1938), ministear Baisteach a bhuineadh don Chaolas ann an Tiriodh. Chuir e an dàn spioradail seo ri chèile nuair a bha e seachad air a' cheithir fichead. Tha an laoidh air a seinn air fonn *Soraidh slàn le Fionnairigh*. Chan eil an seo ach cuid de na rainn.)

M'annsachd gaisgeach treun nam buadh,
Chreach a naimhdean 's a thug buaidh,
'S a ghabh àite 's pàirt a shluaigh
Thoir fuasgladh agus beatha dhaibh.

'S e gràdh Ìosa bhith bith-bhuan,
A thug don tìr seo E air chuairt,
A dh'fhulang bàis an àit' a shluaigh,

'S le 'fhuil ro-luachmhor cheannaich iad.
Fhuair E iad seo Ìosal truagh,
Sgapte, sgaoilte, falamh, fuar;
Thionail E iad 's thug iad suas,
'S thug sith is suaimhneas anaim dhaibh.

Nach truagh na daoine tha dèanamh tàir
Air coibhneas gràdhach los' tha 'g ràdh –
"Seallaibh riumsa 's gheibh sibh slàint',
'S a chaidh gu bràth cha chaillear sibh.

Tha an soisgeul anns gach it',
A' cur an cèill o là gu là
An tì a chreideas 's a bheir àit'
Do los', bidh slàinte mhaireann aig'.



Cuid de bhuill bho Bhuidhinn Ghàidhlig na h-Eaglaise aig coinneimh ann an Steòrnabhagh san t-Sultain

Ministrealachd Soisgeulachd Ghàidhlig ann an Eaglais na h-Alba. Am measg nan nithean a chaidh a dheasbad aig a' choinneimh, bha fiosrachadh air a thoirt seachad le Mgr. Calum Moireach, Stiùiriche, CrossReach, air an obair mhìorbhaileach a thathas a' cur air adhart air feadh Alba, ann an ainm an Tighearna, Ìosa Crìosd. Bha e na thlachd fàilte a chur air an Urr. Uilleam MacLeòid, a tha fhathast a' searmonachadh gach seachdain aig aois ceithir fichead sa h-aon deug bliadhna dh'aois! Mar a bhios sinn tric a' seinn 'San àm am bi iad aosmhor liath, bheir iad mòr-mheas a mach; Is bithidh sultmhor le deagh bhlàth dhuibh siud gach uile neach', Sa 92:14.



An t-Urr. Uilleam MacLeòid aig coinneimh na buidhne san t-Sultain 2017

Searmon Beag

(bho Aireamh 11 – 2003 – An t-Samhain)

Togaidh mi mo shùilean a-chum nam beann. (Salm 121: 1).

Is iomadh neach eile, a bharrachd air an t-salmadair, a thog a shùilean a-chum nam beann, ri làithean dorcha nam beatha agus air làithean soilleir grianach. Agus bha na smuaintean agus na faireachaidhean aca air an tarraing na b' fhaisge air an Dia a dhealbha na beanntan àrda agus gach nì eile anns a' chruinne-chè.

1. *Am measg nam beann dh'fhairich daoine ri làithean a' Bhìobaill cumhachd Dhè.*

Don t-salmadair bha na beanntan, a bha 'nan seasamh an sin gu làidir daingeann linn an dèidh linn, 'nan samhldh agus 'nan comharradh air neart lehòbhah, an Cuspair a chruthaich na nèamhan agus an talamh.

Is Dia ro-mhòr lehòbhah treun.

Rìgh mòr os cionn gach dia,

Doimhneachd na talmhainn tha 'na làimh;

'S leis neart nan cnoc 's nan sliabh.

2. *Shuas am measg nam beann dh'fhairich daoine ri làithean a' Bhìobaill sìth Dhè.*

Seo aon adhbhar gum bi na mìltean de dhaoine a' cur an aghaidh air beanntan na Gàidhealtachd a h-uile bliadhna. Tha iad sgèth de ghleadhraich a' bhaile mhòir. Tha dusd agus salachar nan sràid gan sàrachadh. Anns na h-àiteachan fàsail gheibh iad sàmhchair.

Bhiodh Maois tric ann an co-chomann ri Dia am measg nam beann. Tha sinn a' leughadh mu Ìosa, "Agus nuair a leig E an slugh uaithe, chaidh E suas air beinn 'na aonar a dhèanamh ùrnaigh.

3. *Am measg nam beann cuideachd dh'fhiosraich sluagh a' Bhìobaill làthaireachd Dhè.*

Anns na Sgriobtaran tha sinn a' leughadh mu iomadh neach a dh'fhairich gu robh Dia dlùth dhaibh nuair a bha iad a-muigh air a' bheinn. Cha dìochuimhnicheadh na deisciobail gu bràth an searmon aig Ìosa a chuala iad air a' bheinn. Cha dìochuimhnicheadh na deisciobail gu bràth an coinneachadh a bha aca ri Ìosa an dèidh na h-aiseirigh, air a' bheinn a chomharraich E dhaibh. Gu h-àrd air na beanntan no gu h-ìosal anns na glinn fairichidh sinn làthaireachd an Tighearna a tha uile-làthaireach.

Gàidhlig Shimplidh

(Bho chaochladh Àireamhan) **Ceann-teagaisg airson a' mhìoseo:** "Is aithnich dhomh mo chaoirich fhèin." 'S e Ìosa a thubhairt sin. Tha e ann an Soisgeul Eòin, an deicheadh caibideil, an ceathramh rann deug. Is aithne don bhuachaille na caoraich. Tha eòlas mar sin aig Ìosa oirnn. Tha fios aigean air ar feuman gu lèir. Is toigh leam a bhith a' tadhal air seann eaglaisean.

Tha clachaireachd bhrègha anns na ballachan. Tha fiodh brègha air na suidheachain. Tha uinneagan dathte anns an eaglais. Ach bidh mi a' cuimhneachadh air na daoine – na daoine a bha ag adhradh agus a' moladh Dhè anns an eaglais fad iomadh linn.

Seanfhacal airson a' mhìoseo: "Gabh an latha math às a thoiseach." (Take the good day early.) Atharraichidh an aimsir glè luath. Bidh a' mhadainn grianach blàth, ach thig gaoth agus uisge feasgar. Mar sin tha e glic cothrom a ghabhail air toiseach an latha. Chan eil fios againn dè cho fada agus a bhios side mhath ann.

Tha iomadh bàrd spioradail aig na Gàidheil. Bha Dùghall Bochanan à siorrachd Pheairt. Bha Pàdraig Grannd à Srath Spè. Bha Iain Moireasdan às na Hearadh. Bha Murchadh MacLeòid – Murchadh a' Cheisteir – à Leòdhas. Bidh daoine fhathast a' leughadh nan laoidhean a rinn iad.



AM FEAR-DEASACHAIDH

Gus an tèid Deasaiche ùr a thaghadh, faodaidh sibh post-d a chur dhan Bhuidhinn Ghàidhlig aig neacag@gmail.com ma bhios pìosan sgrìobhte no litrichean agaibh airson nan ath irisean.

Thall 's a-Bhos

RANN

*Fan Thusa dlùth dhomh 'n teas an là,
Bi dlùth nuair chromas sìos a' ghrian,
Air feasgar nuair a shìneas sgàil,
'S an oidhche dhubh mun t-saogh'l ag iadh'.*

Seo rann à laoidh a dh'eadar-theangaich an t-Oll. Urr. Gilleasbaig Mac a' Chlèirich, ciad Fhear-deasachaidh nan Duilleagan Gàidhlig. A bharrachd air a bhith 'na sgrìobhaiche comasach, bha e sgileil ann a bhith a' tionndadh laoidhean Beurla gu cànan nan Gàidheal.

AIR AN ADHAR

Air a' chiad Sàbaid den mhìos seo 's e an t- Urr. Dòmhnall Dòmhnallach, a bhios a' labhairt air Dèanamaid Adhradh. Air an darna Sàbaid cluinidh sinn an t- Urr. donnchadh MacLeòid. Tha dùil gum bi Iain Eàirdsidh Mac a' Mhaoilein air ceann an adhradh air an treas Sàbaid. Air an Didòmhnaich mu dheireadh thathas an dùil gum bi an t-Urr Coinneach Dòmhnallach a' craobh-sgaioleadh.

GÀIDHLIG ANN AM FÌOBHA

Chaidh Buidheann-leasachaidh Gàidhlig Fhìobha a stèidheachadh an-uiridh airson an cànan a bhrosnachadh air feadh gach sgìre anns an t-siorrachd. 'S e buidheann neo-eisimeileach a th' ann agus tha na buill saor-thoileach. Tha oifigear-leasachaidh Gàidhlig ag obair aig Comhairle Fhìobha cuideachd agus tha ise na ball còmhla ris a' bhuidhinn shaor-thoileach seo.

Tha plana aig a' bhuidhinn airson blas chultair agus dualchas na' Gàidhealtachd a chur air adhart ann am Fìobha. Mar phàirt den phlana seo chaidh a' chiad seirbheis Ghàidhlig a chumail ann an eaglais Dysart St Clair air Latha na Sàbaid 10 den t-Sultain.

'S e am Fìor-Urramach Aonghas Moireasdean bho Eaglais na h-Alba (aig coitheanal Orwell agus Portmoak) a bha os cionn na seirbheis. Tha dòchas ann gum bi seirbheis Ghàidhlig ann am Fìobha a h-uile cairteal agus gum bi iad a' gluasad mun cuairt eaglaisean eadar-

Fuasgladh nan Ceist

1893. Bha an dà mhinistear a bha air ceann a' ghluasaid seo à Uibhist a Tuath, an t-Urr. Dòmhnall MacPhàrlain agus an t-Urr. Dòmhnall Dòmhnallach.
- Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir. Tha an rann gu lèir sgrìobhte air a' charragh-chuimhne air uaigh a' bhàird ann an cladh nam Manach Liath ann an Dùn Eideann.
- Tha a dhà ann – Eaglais Naoimh Anndra ann an Guernsey agus Eaglais Chaluim Chille ann an Jersey.
- An t-Oll. Urr. Tòmas MacCalmain.

dhealaichte anns an sgìre.

John MacIomhair, Buidheann-leasachaidh Gàidhlig Fìobha

SÀR-GHÀIDHEAL

Chaidh inbhe Sàr-Ghàidheil a bhuileachadh air an Urr. Dr. Ruairidh MacLeòid aig Ceumnachd an t-Sabhail Mhòir air Dihaoine 6mh an Dàmhair ag aithneachadh an obair ionmholta a rinn e thar còrr is 50 bliadhna airson math na Gàidhlig. Bidh dithis a' faighinn duais gach bliadhna agus b' e Iain MacLeòid bhon Chomunn Ghàidhealach a bha còmhla ris am-bliadhna.

ADHBHAR GÀIRE

(Àireamh 3 – 2007 – Am Màrt)

Bha ministear a bhiodh tric a' sgìtheachadh dhaoine leis cho fada agus a bhiodh na searmoinean aige a' bruidhinn aig coinneamh de Chomann nam Ban. Mun do thòisich an òraid thubhairt e ri ceann-suidhe a' Chomainn, "Dè cho fada agus a tha sibh ag iarraidh orm bruidhinn?" "Faodaidh sibhse bruidhinn cho fada agus a thogras sibh," ars ise, "ach tha an còrr againn a' dol dhachaigh aig naoi uairean."

Ùrnaigh

(bho Àireamh 11 – 2003 - An t-Samhain)

A Dhè bheannaichte,

a tha maille rinn

ann an dorchadas a' gheamhraidh

cho cinnteach ri soillse an t-samhraidh,

neartaich ar creideamh

Nuair a tha nithean dorcha

a' tachairt.

Deonaich dhuinn spiorad na taingeachd

nuair a tha làithean grianach a' tighinn.

Amen

An dealbh air an aghaidh:

Dealbh de dh'eaglais ann an Stafainn san Eilean Sgitheanach a fhuair gealladh taic-airgid bhon Chrannchur Nàiseanta na bu tràithe den bhliadhna. Chaidh an eaglais seo, a tha na pàirt de pharaiste Chille Mhoire agus Steinnsail, a dhùnadh an-uiridh air adhbharan slàinte is sàbhailteachd. Cha deach a dhùnadh riamh ron a sin bhon a dh'fhosgail i a dorsan ann an 1830. Thathas ag ràdh gu bheil ceanglaichean aice ri Thomas Telford.